

# INNLEADAIREACHD UI DHONNGHAILE LTD.

Morsaig, 5 Camus Tianabhaig, Port Righe, An t-Eilean Sgitheanach,  
IV51 9LQ  
ALBA

## BÓRD NA GÁIDHLIG

Darach  
Feith nan Clach  
Inbhir Nis  
IV2 7PA  
Fo Aire: P. Morgan  
Stiuiriche Planadh Canain

10mh Samhuinn 2006

A Chairdean,

## DREUCHD PLANA NAISEANTA NA GAIDHLIG

Is e seo ar freagairt ri Bórd na Gaidhlig, mu choinneamh Dreuchd Plana Naiseanta na Gaidhlig (Am Plana).

Chan eil sinn ag aontachadh le leirsinn a' phlana.

Tha sinn de'n bheachd gu bheil sealladh a' phlana ro chumhang- chun ire gu bheil e a' dunadh a-mach a chuid bu mhor de na Gaidheil tusanachd.<sup>1</sup>

Air barrachd an sin, chan eil eagar a' phlana soilleir aig a' chiad leughadh. Is duilich nach robh foir-dhealbh, a chomharraich eagar a' phlana, suidhichte air an duilleag an aghaidh an Clar-Innse.

### **Is e ar prìomh ghearain mu deidhinn a' phlana, nach eil Gníomhacas/Eaconomaidh na Roinn Gníomh fa-leth de 'n phlana.**

Cha robh riamh coimhearsnachd as aonais eaconomaidh. Mar sin, tha sinn a' faicinn ionadan-oibre far a bheil a' Ghaidhlig canan an oibre a bhi ceart cho cudthromach ri spionnadh a' chanain agus a' chultair aig ire a' choimhearsnachd 's a tha cuir-seachadan agus tachartasan "culturachd".

Chi sinn, 's na laithean a dh'fhalbh, gu robh an feum air ionadan-oibre de 'n seorsa co-lionta taobh a-steachd bailtean croitearachd le obair coimhearsnachd- m.e. obair aig an fhang. Chi sinn cuideachd gu bheil an gne-oibre sin a' dol a-mach a bhi. Mar sin tha feum cruadh air ionadan obair ur far am bi a' Ghaidhlig na canan oibre.

Chi sinn cuideachd aig an ire seo gu bheil aireamhan de oigridh a nis ag eirigh a mach a foghlam tro meadhan na Gaidhlig ach chan eil obair 'son a chuid bu mhor dhaibh a chuireas feum idir air a' Ghaidhlig aca. Tha sinn a' faicinn suidheachadh far a bheil iadsan

<sup>1</sup> Le "Tusanach" tha sinn a' ciallachadh neach sam bith a fhuair a Ghaidhlig 's a' chiad dol a mach aig gluine a' mhathair, neo ann an doigh coltach ris, tro croileagan neo/agus bun-fhoghlam tro meadhan na Gaidhlig.

# INNLEADAIREACHD UI DHONNGHAILE LTD.

Morsaig, 5 Camus Tianabhaig, Port Rìghe, An t-Eilean Sgitheanach,  
IV51 9LQ  
ALBA

a dh'ionnsaich a chanan anns an Ard Sgoil agus a chosg Standard Grade a 'chanan a chall taobh a-steachd da bhliadhna.

Feumaidh don phlana a shonraich "cothrom" do companaidhean beaga, agus fir-malairt fa-leth, a bhi ruith na muilnean acca fhein tro meadhan na Gaidhlig aig ìre oifigiuil, an da chuid taobh a-stigh a'gnìomhacas agus an gach conaltradh oifigiuil le roinnibh na staid. Mar sin, bithidh luchd-malairt uidheamaichte a chomharraich feille ( airson seirbhisean na staid ) as Gaidhlig. Cho luath 's a bhios sin a' tachairt toisichidh saoghal na Gaidhlig a chuir ris an GDP ann an doigh iomachaidh agus soilleir.

Tha an saorsa seo riatanach ri companaidhean beaga, oir as aonais chan urrainn do gnìomhacasan ur a' fas an feannagan na Gaidhlig, agus cha tig ath-nuadhachd air eaconomaidhean ionadail na Gaidhlig<sup>2</sup>. Is fheudar do'n Bhuird aithneachadh gur e seo (gnìomhacasan beaga) an roinn de'n eaconomaidh naiseanta a tha comhnaidh a' cruthachadh beachdan agus cothroman ur. Far am bi gnìomhacas ur a' soirbhiceadh agus a' fas, thig obair fasdaichte na luib. Is fheudar do Alba a bhrosnaich gnìomhacasan ur staidhichte anns a' choimhearsnachd Gaidhlig. Feumaidh do na Gaidheil a bhi saor a shas tro meadhan na Gaidhlig an gnìomhacasan de h-uile seors'.

Bhiodh an saorsa seo a chuir uallach air ughdarrasan naiseanta co-dhiu, agus aig an ìre seo tha sinn a' faireachdainn gu bheil ughdarrasan naiseanta- agus eadhan ughdarrasan ionadail 's a' Ghaidhealtachd agus na h-eileanan a' cur bacadh air muinntir an roinn phrìobhaideachd. Feumaidh don phlana naiseanta a' cuir taic ri neach sam bith a tha airson gnìomhacas a ruith tro meadhan na Gaidhlig.

Feumaidh sinn a choimhead ri bloigh de Eaconomaidh na h-Alba, a chuibhreachas gach ceard, gach proifeasan agus gach malairt agus a riutheas tro meadhan na Gaidhlig. Feumaidh do eaconomaidh Gaidhlig na h-Alba a bhi co-shinte le eaconomaidh na Beurla, mus am bi a h-aon cothrom aig gach daoine a leanntainn a chiuid tro meadhan na Gaidhlig neo tro meadhan na Beurla.

Bithidh gach gnìomhacas prìobhaideachd cuairteachte le laghan na duthcha, agus is fheudar dhuinn a dheilig le oifigearan na stait tric is minig. Airson na gnìomhacasan bu lugha bithidh an cuid bu mhor de na paipèaran foirmeil a laimhseachas iad an luib conaltradh leis an staid. Mar sin tha e riatanach gum bithidh conaltradh leis an staid tro meadhan na Gaidhlig ceadaichte dhaibh gun duilgheadas sam bith. Is docha gu bheil an buidhean as cudthromach an seo HM Revenue & Customs o chionns gu bheil feum aig h-uile gnìomhacas a bhi deiligidh riu.

Tha aite aig Riaghaltas ionadail cuideachd. Anns na sgìrean aca fhein bithidh ughdarrasan ionadail a measg na luchd-cheannaich as motha de seirbhisean-chumhnaint. Bu choir

<sup>2</sup> Le Eaconomaidh na Gaidhlig tha sinn a' ciallachadh gnìomhacasan a tha a' ruith tro meadhan na Gaidhlig. Chan eil sinn idir a' measadh ceannach is reic de "Bathair Gaidhlig" a bhi pairt de'n eaconomaidh Gaidhlig mur a bi Gaidhlig canan a' chumhnaint i.e. Aontachadh eadar neach-reic agus neach-ceannach deanta as Gaidhlig.

# INNLEADAIREACHD UI DHONNGHAILE LTD.

Morsaig, 5 Camus Tianabhaig, Port Righe, An t-Eilean Sgitheanach,  
IV51 9LQ  
ALBA

dhaibh a shonraich a' Ghaidhlig mar "Canan a' Chumhnaint" airson cuid de na cumhnantan a tha iad a' cuir a mach gu tairgsean pobalachd. Tha sin ceadaichte dhaibh fo lagh na h-Eorpa, ach b' fheudar dhaibh a dhearbhadh gu robh iadsan a' manaidseadh na luchd obraich aca fhein ann an doigh freagaireach ri co-lionadh an amas sin. A' coimhead air an sgìre againn fhein, (An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse) tha sinn den bheachd gum bu choir do 15sg as gach nota an sporrann a' chomhairle a bhi cosgta chan ann air a' Ghaidhlig (mar cuise) ach tro'n Ghaidhlig (an aithnicheadh gu bheil a' Ghaidhlig comhla leis a' Bheurla aig 30% den sluagh). Tha cosgadh tro'n Ghaidhlig nas lugha na seo a' riochdadh dis-investment leantainneach anns a' chanan aig ìre coimhearsnachd<sup>3</sup>.

Bu choir do planaichean Gaidhlig aig buidhneann poblach anns a' Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan a chuir stad air dis-investment anns a' choimhearsnachd Gaidhlig. Feumaidh don Bhord a dheanamh am puing seo soilleir tro meadhan a' Phlana Naiseanta.

<sup>3</sup> Tha sinn a' measadh gu bheil Comhairle nan Eilean nas miosa: le dis-investment 's a' choimhearsnachd Gaidhlig an Innse Gall a ruith aig faisg air 30% den sporrann bliadhna